

## Tìotal: Gaol agus Dàimhean

### Pàirt 2: Nòiseanan do dhaoine eile

Ìre: DÀRNA

### Ceanglan CfE



Eòlasan agus Builean	Slatan-tomhais
<p>Tha mi a' tuigsinn gu bheil raon farsaing ann de sheòrsaichean càirdeis is dàimh. HWB 2-44a</p> <p>Tha fios agam gum faod càirdeasan agus dàimhean làidir slàinte agus sunnd dhaoine eile a thoirt air adhart. HWB 2-44b</p> <p>Tha mi a' faighinn agus a' cleachdadh sgilean airson dèiligeadh ri dàimhean a tha ag atharrachadh, agus tha mi a' tuigsinn mun bhuidh mhath a dh'fhaodas a bhith aig seo air mo shunnd fhaireachail. HWB 2-45a</p> <p>Tha mi mothachail air gum feumar spèis a thoirt do shaorsa agus do chrìochan pearsanta dhaoine agus 's urrainn dhomh aithneachadh agus freagairt nan rudan a tha daoine a' cur an cèill tro chainnt agus ann an dòighean eile seach cainnt. HWB 2-45b</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Ag aithneachadh dhiofar sheòrsaichean dhàimhean.</li> <li>• Ag aithneachadh nan sgilean a dh'fheumas neach airson dàimhean a làimhseachadh, me fulangas, co-fhaireachdainn, dìlseachd, coibhneas, seasmhachd, co-earbsa agus spèis.</li> <li>• A' mìneachadh buaidh dhàimhean deimhinneach air fallaineachd fhaireachail.</li> </ul>

### Amasan Ionnsachaidh

- Gun tuig clann gu bheil diofar sheòrsaichean dhàimhean ann; agus gu bheil buaidh dheimhinneach aig dàimhean deimhinneach air sunnd.
- Gun tuig clann cho cudromach 's a tha faighinn agus gabhail cùram ann an dàimhean pearsanta agus gaoil.
- Gum bi spèis aig clann agus gun cuir iad luach ann an dàimhean ri clann de dhiofar gnè.
- Gum bi clann mothachail do chuideaman a bhios orra a thaobh a bhith ann an dàimhean bràmair.

### Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- 'S urrainn dhomh bruidhinn mu dhàimhean.
- 'S urrainn dhomh bruidhinn mu cho cudromach 's a tha faighinn cùram, a' gabhail cùram dhaoine eile, a' coimhead às mo dhèidh fhìn agus na thathar a' ciallachadh le gaol.

**NÒT:** Tha an obair seo a' dèanamh sgrùdadh air suidheachaidhean anns am faod clann a bhith, tha iad a' coimhead air a' chuideam a dh'fhaodas a bhith air clann a bhith ann an dàimhean bràmair agus a' dèiligeadh ri cùis aonta - tha seo ag èirigh san obair air Aonta. Tha stuthan air faireachdainnean agus nòiseanan do dhaoine eile cuideachd rim faighinn ann **Caraidean Air-loidhne/Far-loidhne**.

### Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint
- Film: A Red Red Rose, Rachel Sermanni with the Royal Scottish National Orchestra (faid 4 mion. 30) <https://youtu.be/-1-PF2kt2jg>
- Film (faid 4 mion. 6 diogan): **In a Heartbeat** <https://vimeo.com/227690432>
- Cairtean Shuidheachaidhean

*Ma tha sibh an dùil làrach-lìn mar YouTube a chleachdadh, cuiribh a' bhidio air dòigh ro-làimh, dèanaibh cinnteach gur e am film ceart a th' ann agus leumaibh seachad air na sanasan.*

## Obair

1. Theirig thairis air na rinn sibh san t-seisean mu dheireadh - thoiribh sùil a-rithist air na postairean (cumadh cridhe) aca a' sealltainn nan rudan air a bheil iad dèidheil mun deidhinn fhèin agus mu chàch a chèile. Aidich gu bheil cuid de na rudan air an do bhruidhinn iad freagarrach nuair a tha gaol aig neach air neach eile; is dòcha gum bi neach ag ràdh gu bheil iad ann an gaol. Mar sin, san t-seisean seo, tha sinn dol a bhruidhinn barrachd air a' ghaol eadar dithis dhaoine.
2. Faighnich dhan chloinn: **Carson a tha uiread de dh'òrain, de bhàrdachd, filmichean agus sgeulachdan ann mu ghaol.** Cuir an còmhradh/seisean mu dheireadh nan cuimhne, dè thuirt sinn na faireachdainnean a bhios gaol a' toirt do neach? Às dèidh a' chòmhradh seall eisimpleir ainmeil de dh'òran gaoil leis a' bhàrd ainmeil Albannach Raibeart Burns. Leughaidh a' bhàrdachd comhla. Coimheadaibh am film. A bheil a' chlann a' smaoinichadh gu bheil iad a' glacadh faireachdainnean gaoil?
3. Film (faid 4 mion. 30): **A Red Red Rose**, Rachel Sermanni còmhla ris an Royal Scottish National Orchestra <https://youtu.be/-1-PF2kt2jg>  
*No dh'fhaodadh tu iarraidh air a' chloinn rud a dheasachadh ro-làimh, a' rannsachadh dhiofar òrain mu ghaol – ma tha bhidiothan freagarrach ann, dh'fhaodadh iad cuideachd coimhead orra.*
4. **Nuair as toigh leat cuideigin gu mòr.** Tòisich le bhith ag innse dhan chloinn gum faod faireachdainnean a bhith agad cuideachd (nuair a thu aois an luchd-ionnsachaidh) far a bheil neach a' còrdadh riut gu mòr, no gu bheil nòisean agad orra (dè chanadh a' chlann fhèin ris an seo?) A bheil thu airson cuideigin? Inns gu bheil am film seo mu bhalach a tha dèidheil air cuideigin san sgoil aca.  
  
Film (faid 4 mion. 6 diogan): **In a Heartbeat** (Ann am buille cridhe) <https://vimeo.com/227690432>  
Coimheadaibh air an fhilm agus meòraichibh air na faireachdainnean a dh'fhaodadh a bhith aig cuideigin nuair a tha iad dèidheil air neach eile - toileachas, nearbhasachd, draghail mu bhith air an diùltadh, beagan nàire....
5. **Nuair as toigh leat cuideigin.** Tha an 2 shlaighd seo a' sealltainn gu bheil na faireachdainnean seo a' tighinn an cois inbhidheachd. Tha a' chlann cuideachd ag ionnsachadh nach bu chòir dhut cuideam a chur air neach a bhith dèidheil ortsa ma tha thu dèidheil orrasan.
6. **Dè tha na daoine a' smaoinichadh mu chàch a chèile?** Cleachd na slaighdean airson còmhradh/còmhla ri caraaid rin taobh an toiseach, mu na dàimhean a tha a' chlann a' faicinn.
7. **Ach, dè bhios a' tachairt mura h-eil thu ag iarraidh bràmair?** Thoir a-steach am beachd gum faod balaich agus nigheanan uaireannan faireachdainn gu bheil daoine eile a' smaoinichadh gum bu chòir do bhràmair a bhith aca ach nach eil ùidh aca fhèin ann idir. Faighnich dhan chlas – còmhradh goirid le ciad bheachdan – (slaighd). *A bheil sibh a' smaoinichadh gu bheil balaich no nigheanan a' faireachdainn cuideam bràmair a bhith aca?*
8. **Thoir suidheachaidhean dhan chloinn airson deasbad ann an triùirean.** Thoir na suidheachaidhean seachad air cairtean airson 's gu bheil gach buidheann a' faighinn feadhainn eadar-dhealaichte. Iarr air a' chlann bruidhinn ri chèile mun deidhinn, an ceann greis dèan suaip eadar na buidhnean no

iarr orra fios a thoirt air ais mu na suidheachaidhean aca (leis na buidhnean ag innse dè an suidheachadh a th' aca), fosgail an còmhradh a-mach an uair sin chun a' chlas gu lèir.

- 'S toigh le Raibeart Jessica; tha iad nan caraidean. Chòrdadh e ri Raibeart Jessica fhaighinn mar bhràmair. **Dè as urrainn do Raibeart a dhèanamh?**
- Tha Isabella agus Beth nan caraidean. Tha cuid den chloinn a' magadh orra ag ràdh gum feum e bhith gu bheil iad nam bràmairean. Tha seo sàrachail. 'S toigh leotha a chèile ach chan e gnothach neach eile a th' ann. **Dè as urrainn do Isabella agus Beth a dhèanamh?**
- Mar as trice bidh Lauren agus Sergei a' coiseachd dhachaigh còmhla às dèidh na sgoile. Tha Lauren ag iarraidh breith air làimh air Sergei. Chan eil Sergei ag iarraidh ach gum bi iad nan caraidean, agus chan eil e airson breith air làimh oirre. **Dè as urrainn do Sergei a dhèanamh?**
- Gach turas a thig seanmhair Daniel air chèilidh bidh i a' faighneachd air beulaibh a h-uile duine: "Nach eil bràmair agad fhathast?" Bidh e air a nàrachadh gu mòr. **Dè as urrainn do Daniel a dhèanamh?**

A-nis 's iad air èisteachd ris na diofar shuidheachaidhean agus bheachdan, crìochnaich leis na ceistean (air dà shlaighd.) 'S e cothrom a th' anns an dàrna ceist cuideam a chur air ionnsachadh mu bhith spèiseil do fhaireachdainnean an neach eile, mu bhith air do leigeil sìos agus mu bhith a' gabhail ris nach eil iad ag iarraidh an aon rud):

- **Mar sin ma tha sinn a' faireachdainn gu bheil cuideam ga chur oirnn gum feum sinn cuideigin a ghabhail mar bhràmair, dè bu chòir dhuinn a dhèanamh no a ràdh?**
- **Mar sin mas toigh leinn cuideigin, ach nach eil iadsan ach airson a bhith nan caraid seach bràmair dè bu chòir dhuinn a dhèanamh?**

9. **Crìochnaich** le bhith a' toirt taing airson nan còmhradh an-diugh agus san t-seisean mu dheireadh. Leis an t-slaighd mu dheireadh, iarr air a' chloinn smaoinichadh airson mionaid air inbheach thuige an rachadh iad ma tha ceist aca no dragh orra mu dhàimhean ri daoine eile. Cuir nan cuimhne gu bheil e feumail bruidhinn air gaol 's dàimhean agus a bhith rèidh ri chèile 's gur e deagh dhòigh a th' ann air cuimhneachadh mu bhith coibheil agus spèiseil do fhaireachdainnean càch a chèile.

### **A Red Red Rose**

#### **Raibeart Burns**

O my Luvè is like a red, red rose  
That's newly sprung in June;  
O my Luvè is like the melody  
That's sweetly played in tune.

So fair art thou, my bonnie lass,  
So deep in luvè am I;  
And I will luvè thee still, my dear,  
Till a' the seas gang dry.

Till a' the seas gang dry, my dear,  
And the rocks melt wi' the sun;  
I will love thee still, my dear,  
While the sands o' life shall run.

And fare thee weel, my only luvè!  
And fare thee weel awhile!  
And I will come again, my luvè,  
Though it were ten thousand mile.

**Tha goireasan teagaisg eile rim faighinn co-cheangailte ris na stuthan RSHP seo:**

Dè th' ann an gaol?

**Nòtaichean Tidseir**

